## Pàirt 1

a. Càit an do rugadh Stevenson? 1

b. Dè an latha air an do rugadh e? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | 3/9/1848 |
| | 23/10/1849 |
| | 13/11/1850 |

c. Dè an obair a bha aig teaghlach Stevenson? 1

d. Dè tha air innse dhuinn mu fhoghlam Stevenson? 1

e. Carson a chuir Stevenson seachad mòran de bheatha thall thairis? Cuir ✓ ann an **trì** bogsaichean. 3

| | |
|---|---|
| | Bha an t-sìde na b' fheàrr. |
| | Bha e a' fulang le tinneas. |
| | Bha e an dòchas gun dèanadh sin feum dha. |
| | Cha robh Alba a' còrdadh ris. |
| | Bu toigh leis a bhith a' siubhal. |

## Pàirt 2

**a.** Ainmich an dà dhùthaich anns an robh a' chiad leabhar aige suidhichte. 2

**b.** Cò mu dheidhinn a bha an nobhail sin? 1

**c.** Dè seòrsa leabhair a bh' ann an Eilean an Ionmhais. Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | Leabhar de dhealbhan. |
| | Leabhar-chloinne. |
| | Leabhar airson inbhich a-mhain. |

**d.** Ciamar a thug an leabhar seo buaidh air a bheatha? 1

## Pàirt 3

**a.** A bharrachd air nobhailean, ainmich dà sheòrsa sgrìobhaidh a rinn Stevenson. 2

**b.** Càit an deach Stevenson agus a bhean ann an 1888? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | Ceann a deas a' Chuain Shèimh. |
| | Meadhan a' Chuain Shèimh. |
| | Ceann a tuath a' Chuain Shèimh. |

**c.** Dè an aois a bha Stevenson nuair a chaochail e? 1

**d.** Ciamar a tha Stevenson air a chuimhneachadh? 1

## An earrann gu lèir

Smaoinich air an earrainn air fad.

**a.** Nad bheachdsa, dè an dà phrìomh amas a bha aig Mairead Nicleòid anns an earrainn seo? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

| | |
|---|---|
| | Sgeulachd-beatha Stevenson innse. |
| | Fiosrachadh mionaideach a thoirt seachad air sgeulachdan Stevenson. |
| | Innse mu àite Stevenson ann an litreachas. |
| | Beachd pearsanta a thoirt seachad air obair Stevenson. |

**b.** Dè an t-ainm a bhiodh freagarrach airson prògram rèidio mar seo? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa. 1

| | |
|---|---|
| | Naidheachdan an Latha. |
| | Albannaich a thug Buaidh air an t-Saoghal. |
| | Eachdraidh Taighean-solais na h-Alba. |

20